

Magaidh NicAoidh
Dail bho Dheas
Nis
Eilean Leodhais

A bheil sibh ag aontachadh leis an lèirsinn a tha anns an dreachd Plana?:

Tha gu ire mhor. Tha e cudromach gun teid cumail ris an leirsinn agus gum bi e soilleir don mhor-shluaigh de dha-rireabh an leirsinn a th' ann.

Ri linn freagairt na ceiste mu dheireadh, a bheil na pròiseactan roinneil a thatar a' moladh riatanach do na h-amasan airson 2012? Mura h-eil, ciamar nach eil?:

Tha e uabhasach duilich amasan a choileanadh tro phroiseactan iomchaidh. Feumaidh gach proiseact a bhith a' tarraing air an aon ramh gus rud beag dhan amas a choileanadh fiu 's. Bhiodh e na b' fhearr nam biodh soilleireachadh ann air de dha riareabh a thathas a' moladh le na proiseactan. Tha e cudromach gur ann aig ire ionadail anns na coimhearsnachdan a theid na proiseactan seo a chur air bhonn an toiseach. Ach, cuideachd, feumaidh iomairt laidir naiseanta a bhith ann ma tha sinn idir a' dol a thoirt spionnadh do luchd-labhairt na Gaidhlig - agus don fheadhainn aig nach eil Gaidhlig fhathast. Tha droch fheum air iomhaigh na Gaidhlig ardachadh gu h-ionadail, gu naiseanta agus gu eadar-naiseanta.

A bheil na builean airson an fichead raon agus na prìomhachasan airson dèiligeadh leotha air am mìneachadh gu ceart agus ann an òrdan freagarrach? Mura h-eil, ciamar nach eil?:

A-rithist, tha ceist spionnadh a' nochdadh. 'S e facal gle mhath a th' ann, ach de th' air a chulaibh agus ciamar a ghabhas a ghnìomhachadh. Dubhlan dha riareabh, ach dubhlan gu math cudromach. Tha e deatamach gun teid prìomhachas a thoirt do na coimhearsnachdan agus gun teid obair a dheanamh, comhla ri na buidhnean Gaidhlig eile, aig ire na coimhearsnachd.

Ri linn freagairt na ceiste mu dheireadh, dè na pròiseictan a tha, nur beachd-se, riatanach gus na prìomhachasan sin a choileanadh (tha eisimpleirean cheistean ann an Eàrr-sgrìobhadh I)?:

1. Taic agus maoinachadh dha na buidhnean coimhearsnachd.
2. Iomairt margaidheachd (spionnadh) laidir gu naiseanta.
3. Proiseactan oigridh.
4. Gnìomhachasan - taic agus spionnadh dhaibh gus iomhaigh Gaidhlig a bhith aca.

An iad na buidhnean freagarrach a tha air an comharrachadh mar phrìomh bhuidhnean ann an coileanadh nam prìomhachasan sin?:

Feumar gabhail ris gur e toiseach toiseachaidh a th' anns an liosta de bhuidhnean - feumaidh sin a bhith soilleir. Feumaidh luach a bhith air a chur air obair nam buidhnean Gaidhlig chunna seo. Chan eil na h-ughdarrasan ionadail comasach, a thaobh tide agus prìomhachasan eile, air an suidheachadh a neartachadh. Feumar an eolas luachmhor a th' aig na buidhnean Gaidhlig a chleachdadh - agus 's docha beagan spionnadh a thoirt dhaibhsan!

Ma tha sibh a freagairt às leth buidhinn, ciamar a tha sibh gur faicinn fhèin a' cur ri soirbheachd a' Phlana Nàiseanta?:

A bheil beachdan sam bith eile agad mun dreachd Phlana?:

Chan eil e air a sgrìobhadh ann an doigh 's gum bi daoine, le no gun Gaidhlig, a dh' fhaodadh a bhith taiceil airson a leughadh. Feumaidh dreachd no gearr-

iomradh air choireigin a bhith air a dheanamh gus mineachadh ann am beagan bhriathran gu de tha anns a' Phlana. Tha seo deatamach gus toirt air daoine taic a chur ris.

Tha obair mhor ri dheanamh agus tha e cudromach gun tig nithean prataigeach a-mach as a' Phlana Naiseanta agus nach e dìreach inneal politigeach a bhitheas ann aig a' cheann thall.

Feumaidh am Plana uallach a chur air a h-uile neach (gu sonraichte an fheadhainn le Gaidhlig)a bhith a' toirt luach dhan chanan agus a' dusgadh gus mothachadh an t-suidheachadh anns a bheil i. Ma bhasaicheas i, tha sinn uile ciontach.

Tha mi toilichte na beachdan agam fhoillseachadh gu poblach: Tha
Tha mi toilichte m' ainm agus mo sgìre fhoillseachadh gu poblach: Tha